
Semeastar 1 2009/10

BA Cànan Is Cultar na Gàidhlig
BA Gàidhlig is Leasachadh
BA Gàidhlig is Na Meadhanan

Tìotal a' Mhodail:	An Sgeulachd Ghoirid
Còd a' Mhodail:	UQ508392
Ceann-là:	Diluain 14 Dùbhlachd 2009
Uair/Ùine:	0930-1130

'S fhiach an deuchainn seo **40%** de na comharran a tha rim faotainn uile gu lèir airson a' mhodail.

Faodar na ceistean a leughadh 5 mionaidean ro thoiseach na deuchainn.

Faodar teacsaichean nan sgeulachdan a thoirt a-steach dhan deuchainn.

Faodar faclairean a chleachdadh.

A' crìochnachadh do dheuchainn:

Tha sia ceistean san deuchainn seo. Feumaidh tu dà cheist a fhreagairt a-mach às na sia ceistean seo agus bu chòir dhut mu **uair a thìde a chosg air gach ceist.**

Tha cudrom nan ceistean co-ionnan. Cuir an àireamh oileanaich agad a-mhàin aig mullach gach duilleig. Na cuir d' ainm air gin de na duilleagan.

Freagair DÀ cheist.

Ann an gach freagairt, bu chòir dhut sgeulachdan le dà ùghdar, agus co-dhiù trì sgeulachdan a chleachdadh.

1. A bheil gin de na sgeulachdan a leugh thu air a' mhodal (a bharrachd air *Sgeulachd Chonail*) nas coltaiche ri sgeulachd thraidiseanta na ri sgeulachd ghoirid anns an nòs ùr? [Faodar a' cheist seo a fhreagairt le iomradh air aon sgeulachd a-mhàin.]
2. Dè an ìre aig a bheil stoidhle cànan an sgrìobhadair a' toirt buaidh air teachdaireachd na sgeulachd goirid?
3. Ciamar a thèid dòighean-obrach na coimhearsnachd Gàidhealaich a shoilleireachadh sna sgeulachdan a leugh thu?
4. Uaireannan tha teachdaireachd dhomhainn air a còmhachadh le sgeulachd èibhinn. Thoir iomradh air dà eisimpleir dhen seo anns na sgeulachdan a leugh thu, agus beachdaich air cho èifeachdach 's a tha seo mar stoidhle.
5. Tagh dhà no trì sgeulachdan a tha thu a' faireachdainn a tha car lag. Feuch ri mhìneachadh carson a tha seo agus dèan moladh air ciamar a ghabhadh an leasachadh.
6. Dè cho cudromach 's a tha ìomhaigheachd agus samhachas anns na sgeulachdan goirid a leugh thu air a' mhodal? Thoir eisimpleirean.

Deireadh a' Phàipeir